

**COMHAIRLE LODAINN AN EAR
PLANA GÀIDHLIG
2020 — 2025**

Plana na Gàidhlig

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de
dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

FACAL-TÒISEACHAIDH

Is e seo a' chiad phlana Gàidhlig aig Comhairle Lodainn an Ear agus tha e a' cur an cèill nan amasan againn airson na Gàidhlig airson an ath chòig bliadhna, gu 2025.

Tha sinn ag amas air cur ri lèirsinn Riaghaltas na h-Alba gus seasmhachd na Gàidhlig a dhìon san àm ri teachd le bhith ag àrdachadh ìomhaigh a' chànain agus a' toirt barrachd chothroman do na coimhearsnachdan againn gus conaltradh a dhèanamh sa Ghàidhlig. Tha am plana cuideachd a' cumail taic ri cur an gnìomh Buil Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba 'Tha sinn moiteil à dearbh-aithne nàiseanta a tha làidir, cothromach agus in-ghabhalta'.

Tha sinn a' faicinn a' chiad tionndaidh seo den Phlana Ghàidhlig againn mar thoiseach tòiseachadh airson a bhith a' toirt fàs air is a' leasachadh air an t-solar làithreach againn airson na Gàidhlig. Tha na geallaidhean againn sa Phlana a' mìneachadh na nì sinn gus inbhe na Gàidhlig àrdachadh ann an dòigh chothromach agus sinn a' coileanadh ar n-aonta ris na rùintean agus na h-amasan a tha sa Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.



Monica Patterson
Àrd-oifigear
Comhairle Lodainn an Ear

Clàr-innse

	Taobh-duilleig
Geàrr-chunntas	3
Caibideil 1 Ro-ràdh	5
• Am Plana Gàidhlig	6
• Comhairle Lodainn an Ear	
• Gàidhlig ann an Lodainn an Ear	7
• A' cur a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig an Gníomh	11
Caibideil 2 Gealltanasan	12
• Dearbh-aithne agus Inbhe	13
• Conaltradh	14
• Foillseachaidhean	18
• Luchd-obrach	20
• Togail agus Cleachdadh na Gàidhlig	22
Caibideil 3 Buileachadh agus Sgrùdadh	27
Fios conaltraidh	28

Geàrr-chunntas

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aontachadh ri amasan ro-innleachdail *Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig* agus tha i air na structaran is iomairtean a chur air dòigh a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus ag aithneachadh ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, gu bheil feum air oidhirp cho-phàirteach aig an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- cur ri inbhe na Gàidhlig;
- togail agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh;
- meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Comhairle Lodainn an Ear a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh am Plana Gàidhlig seo a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air *Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig* is air an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

'S iad seo na prìomh eileamaidean anns a' Phlana Ghàidhlig againn:

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh cùl-fhiosrachadh agus co-theacsa co-cheangailte ri deasachadh a' Phlana Ghàidhlig againn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus mu structar prìomh raointean obrach Comhairle Lodainn an Ear. Tha e cuideachd a' toirt seachad geàrr-chunntas air deamografaidh na Gàidhlig ann am Lodainn an Ear.

Tha e a' mìneachadh mar a tha sinn an dùil cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann am planadh agus libhrigeadh sheirbheisean agus mar a bheir sinn aire dhan Ghàidhlig agus dhan Phlana Ghàidhlig againn nuair a bhios sinn a' cruthachadh phoileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

Caibideil 2 – Gealltanasan

Sa chaibideil seo, tha sinn a' mìneachadh mar a chleachdas Comhairle Lodainn an Ear a' Ghàidhlig agus mar nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach a thaobh nam prìomh raointean obrach againn. Tha i a' coimhead air raointean obrach mar dhearbh-aithne chorpóra, soidhnichean, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh

na Gàidhlig air an làraich-lìn againn. Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh na h-ìre de Ghàidhlig a tha sinn a' gealltainn a sholarachadh rè beatha a' Phlana.

Caibideil 3 – Buileachadh agus Sgrùdadh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a thèid am plana Gàidhlig againn a chur an gnìomh, agus mar a thèid sgrùdadh a dhèanamh air buileachadh agus toraidhean.

1. RO-RÀDH

Am Plana Gàidhlig

Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

Tha an Achd a' togail air agus a' suidhe ri taobh cheumnan eile gus taic a chumail ri còraichean mhion-chànanan, a' gabhail a-steach: Dearbhadh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean Dhaoine a Bhuineas do Mhion-shluaighean Nàiseanta no Cinnidheach, Creideimh agus Cànanach (1992); agus, Cairt Eòrpach Comhairle na h-Eòrpa air Cànanan Roinneil no Mion-chànanan (1992).

Stèidhich an Achd Bòrd na Gàidhlig mar bhuidheann phoblach neo-roinneil ghnìomhach a tha cunntachail tro Mhinistearan do Phàrlamaid na h-Alba, leis an dleastanas a bhith a' cur air adhart leasachadh na Gàidhlig agus a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba air cùisean na Gàidhlig. Fon Achd, feumaidh Bòrd na Gàidhlig Plana Nàiseanta Gàidhlig ullachadh agus tha an Achd cuideachd a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh is fhoillseachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' toirt fios oifigeil do dh'ùghdarrasan poblach ag innse dhaibh cuine a dh'fheumas iad am Plana aca ullachadh agus le fiosrachadh mu na h-amasan àrd-ìre a bu chòir a bhith air an coileanadh leis a' Phlana. Fhuair Comhairle Lodainn an Ear fios oifigeil bho Bhòrd na Gàidhlig sa Chèitean 2018 gum feumadh i plana Gàidhlig reachdail ullachadh fon Achd. Tha am fios a' mineachadh nan amasan seirbheis corporra agus seachd amasan àrd-ìre ris am bu chòir dhan Phlana coileanadh fo thrì cinn.

A' cleachdadh na Gàidhlig - thoir taic do bhuidhnean co-cheangailte ri Gàidhlig agus a cultar a tha ann mar-thà agus do bhuidhnean ùra ann an Lodainn an Ear gus cuideachadh le bhith a' cur ri ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig.

A' brosnachadh na Gàidhlig - gabh ris an dleastanas a tha air a mhìneachadh ann an Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 gus solar a dh'fhaodadh a bhith ann airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a bhrosnachadh do luchd-còmhnaidh Lodainn an Ear ann an dòigh a tha i a' meas iomchaidh, a' gabhail a-steach an cothrom a tha ann fon Achd seo do phàrantan gus iarraidh gun tèid foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh.

Aon uair 's gu bheil e air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig, broснаich am plana agus na prìomh gheallaidhean do luchd-còmhnaidh sgìre na comhairle.

Cuir beagan mun Ghàidhlig agus a cultar ann am foghlam a tha Comhairle Lodainn an Ear a' toirt seachad, leis an amas barrachd dhaoine òga a thàladh gu bhith ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig.

Ag ionnsachadh na Gàidhlig - a' tòiseachadh còmhraidh le co-bhanntachd Ionnsachadh Gàidhlig sa Bhun-sgoil (GLPS), le dùil Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a stèidheachadh taobh a-staigh sgìre na comhairle rè beatha a' phlana.

Thoir taic do theaghlaichean agus buidhnean de theaghlaichean taobh a-staigh sgìre na Comhairle gus cothrom fhaighinn air cothroman airson solar tràth-bhliadhnaichean agus/no solar bun-sgoile na Gàidhlig.

Thoir taic agus brosnachadh do chothroman ionnsachaidh Gàidhlig airson inbhich ann an sgìre Comhairle Lodainn an Ear, a' gabhail a-steach conaltradh gnìomhach agus leantainneach le Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh.

Fon Achd, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire nam buidhnean/daoine uile aig a bheil ùidh sa chùis. Tha Comhairle Lodainn an Ear air co-chonaltradh a dhèanamh mar-thà air an dreachd Plana Gàidhlig agus tha i air na beachdan a chaidh a thoirt dhi tron phròiseas co-chomhairleachaidh a thoirt fa-near.

Comhairle Lodainn an Ear

'S e Lodainn an Ear tè de na sgìrean as grinne ann an Alba. Tha i mu 270 mìltean ceàrnach uile gu lèir le mu 43 mìltean de chosta. Tha e a' sineadh bho Bhaile nam Feusgan, am baile as motha, gu sear gu Dùn Bàrr agus gu a chrìoch le Crìochan na h-Alba. Is iad na prìomh bhailtean eile ann an Lodainn an Ear Haddington, Tranent, Bearaig a Tuath agus Prestonpans.

Tha sluagh de thimcheall air 105,000 ann an Lodainn an Ear agus 's e tè de na sgìrean ùghdarrais ionadail as luaithe a tha a' fàs a th' innte le dùil gum bi fàs sluai gh timcheall air 1,000 sa bhliadhna ann thairis air an ath 20 bliadhna.

Tha Comhairle Lodainn an Ear dealasach a bhith ag obair còmhla ri a com-pàirtichean agus le muinntir agus coimhearsnachdan Lodainn an Ear gus an lèirsinn a choileanadh 'gum bu chòir Lodainn an Ear a bhith nas beartaiche, nas sàbhailte agus nas seasmhaiche buileach, le eaconamaidh bheothail is soirbheachail a bheir comas do na daoine againn agus do na coimhearsnachdan againn soirbheachadh. '

Tha uallach air Comhairle Lodainn an Ear airson còrr is 100 seirbheis phoblach a' gabhail a-steach; foghlam, obair shòisealta inbheach, seirbheisean chloinne, taigheadas coimhearsnachd, slàinte àrainneachdail, cur-seachadan, dealbhadh, smachd togail, rianachd sgudail, cumail suas rathaidean, clàraidhean catharra, cladhan, seirbheisean ceadachd agus leasachadh eaconamach.

Ann an com-pàirteachas leis na coimhearsnachdan againn tha sinn air ceithir tèaman ro-innleachdail a chomharrachadh, a tha aig cridhe Plana na Comhairle

A' toirt fàs air an eaconamaidh againn - gus fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach a leudachadh mar bhunait airson Lodainn an Ear nas beartaiche.

A' toirt fàs air na daoine againn - gus an toiseach-tòiseachaidh as fheàrr a thoirt don chloinn againn agus gus daoine so-leònte is seann daoine a dhìon.

A' toirt fàs air na coimhearsnachdan againn - gus guth a thoirt do dhaoine anns na co-dhùnaidhean as cudromaiche agus gus taigheadas, ceanglaichean còmhdhail, goireasan coimhearsnachd agus àrainneachd a thoirt dhaibh a leigeas leotha soirbheachadh.

A' toirt fàs air a' Chomas againn - gus seirbheisean sàr-mhath a libhrigeadh cho èifeachdach agus cho tàbhachdach 's a ghabhas taobh a-staigh nan stòrasan cuibhrichte againn.

Tha iad seo suidhichte taobh a-staigh an amais fharsaing gus 'neo-ionannachd a lùghdachadh taobh a-staigh agus air feadh nan coimhearsnachdan againn.'

Tha mu 4,800 luchd-obrach aig a' chomhairle (mu 3,800 maireannach, 550 rè ùine 400 sealach/taic). Tha còrr is 1,500 luchd-obrach FTE (43.5% den àireimh iomlan) air am fastadh ann an seirbheis an fhoghlaim a' gabhail a-steach luchd-teagaisg agus luchd-obrach taice.

Tha trì prìomh oifisean aig Comhairle Lodainn an Ear: Taigh John Muir (Haddington), Taigh Penston agus Taigh Randall (an dà chuid ann am Macmerry). Tha 230 togalach aig a' Chomhairle a' gabhail a-steach àrd-sgoiltean, bun-sgoiltean is sgoiltean-àraich, Dachaighean Chloinne agus Ionad Clann is Teaghlaich, Dachaighean Cùraim agus 12 leabharlann is Ionadan Coimhearsnachd.

Gàidhlig ann an Lodainn an Ear

Is e a' Bheurla Ghallda seach a' Ghàidhlig a bhiodh ga bruidhinn gu h-eachdraidheil ann an Lodainn an Ear. Ach, tha eisimpleirean de dh'ainmean-àite ann an Lodainn an Ear aig a bheil tùs Gàidhlig, mar eisimpleir:

- Cùil Choinnich – Cockenzie (the neuk of Coinneach – Kenneth)
- Craobhbarraidh – Carbery (at the palisade)
- Fan Taisidh – Phantassie (at the damp slope)
- An Garbh-Allt – Garvald (the rough burn)¹

Bha arm nan Seumasach aig Blàr Prestonpans (1745) air a dhèanamh an-àirde gu ìre mhòr de luchd-cinnidh Gàidhealach le Gàidhlig agus tha beagan shoidhnichean rathaid agus ainmean-àite dhà-chànanach ann timcheall air air làrach a' bhlàir mar thoradh air ùidh ann a bhith a' comharrachadh a' bhlàir.

Chlàraich cunntas-sluaigh 2011 gun robh comas Gàidhlig a thuigsinn no a bhruidhinn a sgrìobhadh no leughadh ann an Lodainn an Ear. Thuirt beagan nas lugha na 400 dhiubh gun robh iad comasach air Gàidhlig a bhruidhinn - 0.41% den t-sluagh nas sine na aois 3, an coimeas ri 1.1% air feadh na h-Alba. Sheall mion-fhiosrachadh bho chunntas-sluaigh 2011 gun robh:

¹ Rannsachadh le Ainmean-àite na h-Alba is Bòrd na Gàidhlig

- Comas Gàidhlig a thuigsinn ach gun chomas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh no a sgrìobhadh aig 251
- Comas Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh is a sgrìobhadh aig 171 daoine
- Comas Gàidhlig a bhruidhinn ach gun chomas Gàidhlig a leughadh no a sgrìobhadh aig 180
- Comas Gàidhlig a bhruidhinn is a leughadh ach gun chomas Gàidhlig a sgrìobhadh aig 46
- Comas Gàidhlig a leughadh ach gun chomas Gàidhlig a bhruidhinn no a sgrìobhadh aig 56
- measgachadh eile de sgilean Gàidhlig aig 24 daoine

Chan eil dàta sam bith aig a' chomhairle an-dràsta air àireamh luchd-labhairt no luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig am measg an luchd-obrach aice. Tha i gu bhith a' cumail suirbhidh de sgilean an luchd-obrach ann an 2020 agus is urrainn dhi fiosrachadh mar seo a thogail troimhe seo.

A' Ghàidhlig ann am foghlam

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh, agus a' cur luach air, cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig mar phàirt de phlanadh ro-innleachdail agus leasachadh air ionnsachadh cànanain agus cho cudromach 's a tha còraichean nan daoine òga agann air foghlam ann an cànanan dùthchasach na h-Alba.

Tha dà phrìomh sheòrsa foghlaim Gàidhlig ann: Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi).

“S e a th' ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ach ionnsachadh de dh'àrd-chàileachd tro bhogadh. Tha modalan eile ag adhbharachadh lagachadh ann am fileantachd agus mar sin chan eil iad co-chòrdail ri bhith a' leasachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a tha làidir is seasmhach.” Joan Esson, Prìomh Neach-sgrùdaidh na Banrigh airson FtG, an t-Ògmhios 2015.

Gu nàiseanta, tha FtG air a mhìneachadh le Foghlam Alba mar a leanas: Tha FtG stèidhichte air prionnsapal bogadh cànanain. Bu chòir FtG a bhith a' gabhail a-steach nan ceithir co-theacsan anns a' Churraicealam airson Sàr-mhathais:

- feallsanachd agus beatha na sgoile mar choimhearsnachd
- raointean curraicealaim agus cuspairean
- ionnsachadh eadar-chuspaireil
- cothroman airson coileanadh pearsanta

Tha Foghlam Alba a' comhairleachadh gu làidir nach e dìreach ionnsachadh cànanain a th' ann am FtG, cuideachd bithear a' libhrigeadh chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig agus bidh a' Ghàidhlig aig cridhe beatha, cultar agus feallsanachd na sgoile.

Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) (2016) agus an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig a' gabhail a-steach trì prìomh molaidhean a thaobh FtG:

1. Tha dleastanas air ùghdarrasan FtG a bhrosnachadh, agus gus taic a chumail ris
2. A' stèidheachadh pròiseas reachdail do dh'ùghdarrasan gus iarrtasan phàrantach airson FtG a mheasadh
3. A' deasachadh ullachaidhean stiùiridh reachdail airson a bhith a' lìbhrigeadh foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean agus le ùghdarrasan

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG) ann an Comhairle Lodainn an Ear

Bidh Comhairle Lodainn an Ear a' toirt seachad FtG tro aonta com-pàirteachais le Comhairle Baile Dhùn Èideann aig an àm seo. Tha rèiteachaidhean com-pàirteachais a' cumail taic ri leasachadh comas agus goireasan èifeachdach air feadh na roinne agus ri ionnsachadh àrd-ìre tro mheadhan na Gàidhlig do chloinn is do dhaoine òga. Bidh an solar seo air a phlanadh agus air a mheasadh le Comhairle Lodainn an Ear agus le com-pàirtichean ionadail le iarrtas ionadail air a mheasadh agus air a sgrùdadh mar phàirt de phlanadh leantainneach airson an àm ri teachd. Tha Comhairle Lodainn an Ear a' cumail taic ris an t-solar seo agus tha e ri fhaighinn ma nì pàrantan iarrtas. Chaidh taic agus conaltradh do phàrantan a tha airson an cuid cloinne a chur gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a chomharrachadh mar amas aig Plana Gàidhlig Comhairle Lodainn an Ear agus tha seo am measg nan gnìomhan gu h-ìosal.

Ann an 2018/19 bha 17 sgoilearan bun-sgoile à Lodainn an Ear a' dol gu solar FtG ann am Baile Dhùn Èideann ann am Bun-sgoil Taobh na Pàirce), agus chaidh triùir sgoilean àrd-sgoile gu Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig.

Tha cothrom aig pàrantan cuideachd air Cròileagan Gàidhlig ann am Baile Dhùn Èideann tro sholaraidhean com-pàirteach ann an grunn àiteachan air feadh a' bhaile. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air làrach-lìn Cròileagan Dhùn Èideann: <http://www.gaelicplaygroup.com/>

Tha prìomh oifigearan Comhairle Lodainn an Ear a' cumail taic ri leasachadh leantainneach air obair com-pàirteachais èifeachdach air feadh sgìre Caidreachas Leasachaidh Roinneil an Ear-dheas agus a' stiùireadh taic do sgoiltean ann a bhith a' cur air adhart ionnsachadh na Gàidhlig

Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi)

Tha Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi) a' ciallachadh ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd ann an co-theacsa Foghlam tro Mheadhan na Beurla.

A rèir comhairle agus stiùireadh Foghlam Alba air FLi: “Ann am foghlam tro mheadhan na Beurla, tha a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig mar phàirt den chòir a tha aig cloinn agus aig daoine òga air cànan ionnsachadh. Is e Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLi) a thathar a' cleachdadh mar bhriathar farsaing a tha a' gabhail a-steach an t-solair 3-18.” ([Foghlam Gàidhlig 3-18 ann an Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1 + 2](#))

Tha Foghlam Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig (FLi) a' toirt chothroman adhartach do dhaoine òga Gàidhlig ionnsachadh agus eòlas fhaighinn air cultar na Gàidhlig mar phàirt den tairgse fharsaing de chànanan tro Chomhairle Lodainn an Ear air fad. Chan eil FLi leasaichte ann an sgoiltean Lodainn an Ear, ach thathar ga phlanadh

tron phròiseas Planaidh airson na Gàidhlig. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' sireadh chothroman gus cleachdadh làrach-lìn agus goireasan làrach-lìn Go Gaelic (<https://go-gaelic.scot/>) aig Stòrlann airson Cànan 1 + 2 a bhrosnachadh. Thathar a' leasachadh an raoin seo ann an co-obrachadh le prìomh chom-pàirtichean ionadail agus nàiseanta a' gabhail a-steach Bòrd na Gàidhlig, ùghdarrasan ionadail roinneil, ionadan foghlaim àrd-ìre agus adhartach, sgoiltean agus pàrantan.

Chaidh buidheann Stiùiridh Foghlaim Gàidhlig aig Comhairle Lodainn an Ear is Comhairle Lodainn Mheadhanaich a stèidheachadh gus taic a chumail ri leasachadh ro-innleachdail na Gàidhlig ann an sgoiltean agus tha i a' gabhail a-steach prìomh oifigearan aig ùghdarrasan ionadail, luchd-teagaisg bun-sgoile agus àrd-sgoile, pàrantan agus com-pàirtichean ionadail. Am measg prìomh chom-pàirtichean ionadail, tha Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh a bhios a' libhrigeadh leasachadh proifeiseanta agus cothroman chom-pàirteachaidh do sgoiltean, phàrantan agus luchd-ionnsachaidh. Chaidh luchd-teagaisg aig a bheil eòlas air, no ùidh ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig a chomharrachadh tro iarrtasan puist-d agus thathar a' cruthachadh agus a' tabhann chothroman trèanaidh ionadail.

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag obair le sgoiltean ann an sgìrean far a bheil FLi ga libhrigeadh aig an àm seo (Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig, Baile Dhùn Èideann) agus a' tabhann chothroman tro fhuasglaidhean didseatach gus ionnsachadh Gàidhlig fhosgladh do luchd-ionnsachaidh air feadh na sgìre.

A' Ghàidhlig taobh a-muigh foghlaim

Bidh seirbheis Leabharlann Comhairle Lodainn an Ear a' toirt seachad bagaichean Bookbug sa Ghàidhlig aig na h-ìrean seo uile:

- Bèibidh (air a thoirt seachad leis an neach-tadhail slàinte timcheall air aois 6 seachdainean)
- Caodachan (air a thoirt seachad leis an neach-tadhail slàinte timcheall air aois 18 mìosan)
- 'Explorer' (air a thoirt seachad le sgoiltean-àraich aig aois 3)
- Baga teaghlaich (air a thoirt seachad tron sgoil ann am BS1)

Tha cruinneachadh de leabhraichean Gàidhlig rim faighinn ann an Àrd-oifis nan Leabharlannan agus tha 28 nithean rim faighinn ann an cruinneachaidhean na cloinne thairis air leabharlannan Lodainn an Ear. 'S ann ainneamh a bhios iarrtasan ann airson stuthan Gàidhlig; ach dh'fhaodadh seo a bhith mar thoradh air dìth mothachaidh agus mar sin chaidh a chomharrachadh mar raon leasachaidh sa Phlana Ghàidhlig.

Tha seirbheisean leabharlann air beachdachadh roimhe air seiseanan Bookbug Gàidhlig a chumail le taic bho shaor-thoileach san àm a dh'fhalbh agus bha ùidh aig grunn theaghlaichean a bhith a' gabhail pàirt ann. A-rithist, seo raon a chaidh a chomharrachadh airson leasachadh san àm ri teachd anns a' Phlana Ghàidhlig agus faodar taic fhaighinn bho thrèanadh Bookbug nan Tràth-bhliadhnaichean aig Bòrd na Gàidhlig, ach is dòcha gum bi bhith feum air cuideigin aig a bheil Gàidhlig a bhiodh deònach taic shaor-thoileach a thoirt dhan t-seirbheis seo.

A thaobh foghlam coimhearsnachd, chan eil clasaichean ann do dh'inbhich tro phrògraman Foghlam Coimhearsnachd Lodainn an Ear aig an àm seo. Ach, tha cùrsaichean agus tachartasan air an tabhann an-dràsta le Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh agus tron Phròiseas Dealbhadh Gàidhlig, agus tha oifigearan air tòiseachadh air na sin a bhrosnachadh tro na seanailean conaltraidh agus lìonraidhean aca. Tha Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (CLD) air a bhith an sàs ann am Planadh Gàidhlig san sgìre le sùil gus cothroman a chomharrachadh gus a' Ghàidhlig a thabhainn anns na prògraman ionnsachaidh aca.

Thathar a' comharrachadh chom-pàirtichean agus raointean le ceanglaichean ris a' Ghàidhlig, a' gabhail a-steach obair gus ainmean-àite ionadail a mhpadh agus a' comharrachadh àiteachan turasachd ionadail le ceangal ris a' Ghàidhlig. m.e. timcheall air Raon-blàr Prestonpans a tha air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh tro shoidhnichean dà-chànanach timcheall air làrach a' bhlàir gus comharrachadh mar a bha luchd-labhairt Gàidhlig às a' Ghàidhealtachd ann an arm nan Seumasach a bha a' sabaid anns a' bhlàr. Is dòcha gum bi barrachd stiùireadh is taic ri fhaighinn ann an [Ro-innleachd Turasachd Gàidhlig VisitScotland](#) mun raon seo.

A' cur a' Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig an Gníomh

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tron Phlana Gàidhlig againn, ach gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro phoileasaidhean a tha ann mar-thà. Nì Comhairle Lodainn an Ear sgrùdadh air na gealltanasan poileasaidh againn gus cothroman a lorg annta gus a' Ghàidhlig a chur air adhart gu for-ghnìomhach agus gus prìomhachasan Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig a chur air adhart ann an dòighean eile. Tha sinn den bheachd gu bheil seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Thèid pròiseas Measadh Buaidh Amalaichte na Comhairle atharrachadh gus a bhith a' toirt a-steach ceistean sgrìonaidh a' buntainn ris a' Ghàidhlig agus a' toirt stiùireadh dhaibhsan a tha a' cruthachadh phoileasaidhean ùra buntainneach dhan phoileasaidh seo agus dhan Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean air an cruthachadh a rèir a' Phlana.

2. GEALLTANASAN

Anns an *Stiùireadh reachdail aca air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*, tha Bòrd na Gàidhlig air aithneachadh gu bheil cruthachadh suidheachaidhean airson cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha phoblach mar phrìomh eileamaid ann an ath-bheòthachadh cànan. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean aig cridhe libhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh, a bu chòir buidhnean poblach a ghabhail os làimh ann an deasachadh Phlanaichean Gàidhlig:

Tha am Plana cuideachd a' mìneachadh nan ceuman a ghabhas Comhairle Lodainn an Ear gus a ghealltanas gus amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig a choileanadh a thaobh na leanas:

Dearbh-aithne agus Inbhe a' gabhail a-steach aithne-chorporra agus soidhnichean ann a bhith a' cur ri faicsinneachd, cluinntinneachd, aithne agus meas dhan Ghàidhlig

Conaltradh a' gabhail a-steach fàilteachas, fòn, post agus post-dealain, foirmichean agus pròiseasan gearain

Foillseachaidhean a' gabhail a-steach dàimh phoblach agus na meadhanan, stuthan clò-bhuailte agus làraichean-lìn

Luchd-obrach a' gabhail a-steach trusadh is trèanadh.

Togail agus Cleachdadh na Gàidhlig: a' toirt cothrom do dhaoine sgilean labhairt, leughaidh is sgrìobhaidh a thogail sa Ghàidhlig agus a' cur an comas cleachdadh na Gàidhlig ann an diofar shuidheachaidhean sòisealta, foirmeil is obrach. Leanaidh a' Chomhairle an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC) agus cleachdaidh i na h-ainmean a chaidh a mholadh le Ainmean-àite na h-Alba.

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh gun urrainn gnìomhan anns gach fear de na raointean seo cur ri faicsinneachd agus inbhe na Gàidhlig agus gus cothroman a bharrachd a chruthachadh airson luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh gus an cànan a chleachdadh.

Ach, chan eil mòran dhaoine le Gàidhlig ann an Lodainn an Ear agus chan eil mòran fèill air fiosrachadh no conaltradh sa Ghàidhlig. Taobh a-staigh an t-suidheachadh eaconamach a th' ann an-dràsta chan eil stòrasan a bharrachd aig Comhairle Lodainn an Ear gus iomairt mhòr sam bith a libhrigeadh gus solar Gàidhlig no trèanadh Gàidhlig a leudachadh no gus ùrachadh a dhèanamh air an dearbh-aithne corporra gus a' Ghàidhlig a thoirt a-steach. Thèid leasachaidhean no iomairtean sam bith gus a' Ghàidhlig a dhèanamh taobh a-staigh nan goireasan a th' ann mar-thà. Mar eisimpleir, rachadh soidhnichean rathaid dà-chànanach a dhèanamh air stèidh ùrachaidh/ ath-nuadhachaidh.

2.1 Dearbh-aithne agus Inbhe

Faodaidh Gàidhlig anns an aithne chorporra agus anns na soidhnichean aig ùghdarras poblach cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànan, agus tha e na theachdaireachd gu bheil an t-ùghdarras poblach a' cur meas air a' Ghàidhlig agus air mar a bhios e a' toirt àite dhi. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cur cuideachd ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, mothachadh poblach dhan chànan a thogail agus cur ri a leasachadh. Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur ri faicsinneachd na Gàidhlig, a' cur ri a h-inbhe agus a bhith a' cruthachadh ìomhaigh fhàbharach dhan chànan.

Dleastanas	An Suidheachadh Làithreach	Gnìomh air a mholadh	Buil / taisbeanair air a mholadh	Prìomh Sheirbheis/Oifigear	Clàr-ama
Aithne Chorporra	Chan eil eileamaid Ghàidhlig sam bith ann an aithne-chorporra Comhairle Lodainn an Ear aig an àm seo.	Nì sinn ath-sgrùdadh air dearbh-aithne corporra na Comhairle gus faighinn a-mach mar a dh'fhaodadh a' Ghàidhlig a bhith air a sealltainn ann an aithne chorporra agus stiùiridhean 'Brann' na comhairle. Bidh seo a' gabhail a-steach a bhith a' beachdachadh air an gabhadh Gàidhlig a bhith mar phàirt de shuaicheantas na Comhairle, soidhnichean taobh a-muigh agus taobh a-staigh toglaichean na comhairle, agus ann an eàrr-ràdhan puist-d	Bidh stiùireadh mu chleachdadh na Gàidhlig ann an aithne-chorporra na Comhairle mar phàirt de stiùireadh 'Brann' na comhairle	Manaidsear a' Chonaltraidh	An Giblean 2022
Soidhnichean	Chan eil ach glè bheag de shoidhnichean dà-	Thèid na soidhnichean a th' ann an-dràsta ath-sgrùdadh gus soidhnichean rathaid	Bidh soidhnichean fàilte air na prìomh shlighean a-steach	Manaidsear Chonaltraidh agus Manaidsear nan	An Giblean 2025

	chànanach ann an Lodainn an Ear	'Fàilte gu Lodainn an Ear' a thoirt a-steach a bhios a' gabhail a-steach na Gàidhlig nuair a thèid an ùrachadh	gu Lodainn an Ear a' gabhail a-steach na Gàidhlig, a' nochdadh spèis cho-ionann dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla.	Seirbheisean Rathaid	
--	---------------------------------	--	---	----------------------	--

2.2 Conaltradh

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis an ùghdarras tron phost, post-dealain agus fòn cudromach ann an cruthachadh chothroman airson cleachdadh a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gun gabh Gàidhlig a chleachdadh agus gu bheil fàilte air seo. Tha làthaireachd dhan Ghàidhlig ann am farsaingeachd de dh'fhoirmean dà-chànanach agus ann am foirmean sa Ghàidhlig a-mhàin a' cur gu mòr ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Faodaidh deasachadh dhreachan Gàidhlig de dh'fhoirmean, bileagan iarrais agus sgrìobhainnean mar sin, cuideachadh le leudachadh air raon briathrachais na Gàidhlig agus mothachadh luchd na Gàidhlig a thogail a thaobh an leithid sin de bhriathrachas, mar sin a' cuideachadh le leasachadh a' chànain fhèin.

Tha Comhairle Lodainn an Ear mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh ri a saoranaich agus cuiridh i ris an ìre de sholarachadh aice anns an raon seo mean air mhean.

Dleastanas	An Suidheachadh Làithreach	Gnìomh air a mholadh	Buil / taisbeanair air a mholadh	Prìomh Sheirbheis/Oifigear	Clàr-ama
Ionad-fàilte	Ged nach eil solar sònraichte airson na Gàidhlig ann an ionadan-fàilte na Comhairle an-dràsta, tha seirbheisean eadar-	Nithear cinnteach gum bi a' Ghàidhlig ri faighinn mar phàirt den ath-sgrùdadh air seirbheisean Eadar-theangachadh agus Eadar-mhìneachaidh na Comhairle nuair a thèid seo iarraidh	Thèid conaltradh iomchaidh a dhèanamh le custamairean a thig a-steach gu ionadan fàilte ann an oifisean na Comhairle ge b' e	Lèirmheas - Oifigear Co-ionannachd agus Manaidsear Beachdan Chustamairean	An Giblean 2022

	<p>theangachaidh is eadar-theangachaidh na Comhairle a' gabhail a-steach na Gàidhlig</p>	<p>Trèanadh airson luchd-obrach fàilteachais mu bhith a' coileanadh feumalachdan nan custamairean aig a bheil cànanan seach/a bharrachd air Beurla agus mu bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid am feumalachdan a choileanadh.</p> <p>Bidh e comasach do chustamairean aig a bheil Gàidhlig eadar-theangachadh Gàidhlig iarraidh.</p>	<p>dè an cànan a bhruidhneas iad</p> <p>Bidh fios aig an luchd-obrach uile ann an seirbheisean chustamairean / san ionad chonaltraidh air mar a gheibhear taic airson conaltradh sa Ghàidhlig</p>	<p>Manaidsear Seirbheis: Seirbheis Chustamairean</p>	
Fòn	<p>Chan eil comas aig a' Chomhairle dèiligeadh ri gairmean fòn sa Ghàidhlig aig an àm seo</p>	<p>Nithear cinnteach gum bi Gàidhlig ri faighinn mar phàirt den ath-sgrùdadh air seirbheisean Eadar-theangachadh agus Eadar-mhìneachaidh na Comhairle</p> <p>Trèanadh airson luchd-obrach seirbheisean chustamairean/ionadan conaltraidh mu bhith a' coileanadh feumalachdan nan custamairean aig a bheil cànanan seachd/a bharrachd air Beurla agus mu bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid</p>	<p>Thèid conaltradh iomchaidh a dhèanamh le custamairean a chuireas fios chun Chomhairle air a' fòn gu b' e dè an cànan a bhruidhneas iad</p> <p>Bidh fios aig an luchd-obrach uile ann an seirbheisean chustamairean / san ionad chonaltraidh air mar a gheibhear taic airson conaltradh sa</p>	<p>Lèirmheas - Oifigear Co-ionannachd agus Manaidsear Beachdan Chustamairean</p> <p>Manaidsear Seirbheis: Seirbheis Chustamairean</p>	<p>An Giblean 2022</p>

		<p>am feumalachdan a choileanadh.</p> <p>Bidh e comasach do chustamairean aig a bheil Gàidhlig eadar-theangachadh Gàidhlig iarraidh.</p>	Ghàidhlig		
Post agus post-dealain	<p>Chan eil poileasaidh aig a' Chomhairle aig an àm seo air mar a bhios sinn a' dèiligeadh ri post agus post-d sa Ghàidhlig</p>	<p>Nithear cinnteach gum bi Gàidhlig ri faighinn mar phàirt den ath-sgrùdadh air seirbheisean Eadar-theangachadh agus Eadar-mhìneachaidh na Comhairle</p> <p>Thèid litir no post-d sam bith a gheibhear sa Ghàidhlig eadar-theangachadh agus bheirear seachad freagairtean sa Ghàidhlig a rèir clàr-ama iomchaidh.</p>	<p>Thèid fios a thoirt dhan luchd-obrach uile gun gabh post agus post-d eadar-theangachadh gu agus bho Ghàidhlig</p>	<p>Manaidsear a' Chonaltraidh agus Manaidsear Beachdan nan Custamairean</p>	<p>An Giblean 2022</p>
Foirmean (a' gabhail a-steach dòigh-obrach nan gearanan agus làimhseachadh ghearanan)	<p>Chan eil foirm sam bith aig a' Chomhairle sa Ghàidhlig an-dràsta</p>	<p>Nithear cinnteach gum bi Gàidhlig ri faighinn mar phàirt den ath-sgrùdadh air seirbheisean Eadar-theangachadh agus Eadar-mhìneachaidh na Comhairle</p> <p>Tha goireas ruigsinneachd agus eadar-theangachaidh air làrach-lìn na Comhairle a tha</p>	<p>Thèid fios a thoirt dhan luchd-obrach uile mun ghoireas air an làrach-lìn far an gabh gach foirm air-loidhne eadar-theangachadh</p>	<p>Manaidsear Seirbheis: Seirbheis Chustamairean agus Manaidsear Beachdan Chustamairean</p>	<p>An Giblean 2022</p>

		<p>a' gabhail a-steach na Gàidhlig</p> <p>Gabhaidh a h-uile foirm is sgrìobhainn, mar eisimpleir dòigh-obrach gearanan na Comhairle, a thèid a phostadh air an làraich-lìn eadar-theangachadh do chànanan eile, a' gabhail a-steach na Gàidhlig</p> <p>Thèid dèiligeadh ri gearanan a gheibhear ann an cànanan seach Beurla, a' gabhail a-steach na Gàidhlig, gu h-ìomchaidh, agus anns a' chànan ìomchaidh ma thèid seo iarraidh</p>			
Coinneamhan Poblach	Chan eil a' chomhairle a' tabhann seirbheisean gus Gàidhlig a chleachdadh ann an coinneamhan poblach aig an àm seo	Nithear ath-sgrùdadh air Gàidhlig ann an coinneamhan poblach mas e is gun tèid an t-seirbheis seo iarraidh	Ath-sgrùdadh air Gàidhlig ann an coinneamhan poblach mas e is gun tèid an t-seirbheis seo iarraidh	Manaidsear Seirbheis: Leasachadh, Poileasaidh agus Conaltradh	Taobh a-staigh beatha a' phlana

2.3 Foillseachaidhean

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann am farsaingeachd de stuthan clò-bhuailte cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' cur ri faicsinneachd a' chàinain, tha e ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-iomhaigheil, agus tha e a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh briathrachais ùr agus a' cur ri briathrachas a th' ann mar-thà. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' dearbhadh gu bheil an t-ùghdarras poblach airson cothrom a thoirt air fiosrachadh cudromach tron Ghàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chàinain. Agus barrachd dhaoine a' faighinn cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a bhith a' cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chàinain.

Tha Comhairle Lodainn an Ear air rùnachadh cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an raointean far am biodh an ùidh a bu mhotha aig a' phoball san fharsaingeachd no far a bheil cuspairean ann a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin.

Dleastanas	An Suidheachadh Làithreach	Gnìomh air a mholadh	Buil / taisbeanair air a mholadh	Prìomh Sheirbheis/Oifigear	Clàr-ama
Làrach-lìn	Tha goireas ruigsinneachd agus eadar-theangachaidh air làrach-lìn na Comhairle agus gabhaidh an làrach agus gach sgrìobhainn eadar-theangachadh troimhe seo	Dèan ath-sgrùdadh air an t-seirbheis eadar-theangachaidh seo Dèan cinnteach gu bheil gach sgrìobhainn is foirm a bu chòir a bhith ri fhaighinn sa Ghàidhlig air an làrach-lìn gus an gabh an eadar-theangachadh.	Tha a h-uile sgrìobhainn is foirm a bu chòir a bhith ri fhaighinn sa Ghàidhlig air an làrach-lìn gus an gabh an eadar-theangachadh	Manaidsear a' Chonaltraidh	An Giblean 2021
Dàimhean Poblach agus Meadhanan Sòisealta	Chan eil stiùireadh aig a' Chomhairle an-dràsta a thaobh cleachdadh na Gàidhlig ann am fiosan naidheachd	Dèan ath-sgrùdadh air chleachdadh cànanan seach Beurla, a' gabhail a-steach na Gàidhlig, ann am fiosan naidheachd agus sna meadhanan sòisealta	Gabhaidh gach fios naidheachd air làrach-lìn na Comhairle eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig	Manaidsear a' Chonaltraidh	An Giblean 2021

	agus meadhanan sòisealta				
Stuth Clò-bhuailte - sgrìobhainnean agus pàipearan na Comhairle.	Chan eil poileasaidh aontaichte aig Comhairle Lodainn an Ear air cleachdadh na Gàidhlig ann an stuthan clò-bhuailte.	Dèan ath-sgrùdadh air cleachdadh cànanan seach Beurla, a' gabhail a-steach na Gàidhlig, ann an stuthan clò-bhuailte.	Tha a h-uile rud clò-bhuailte a bu chòir a bhith ri fhaighinn sa Ghàidhlig air an làraich-lìn gus an gabh eadar-theangachadh	Manaidsear a' Chonaltraidh	An Giblean 2021
Stuth Clò-bhuailte ann an leabharlannan	Chan eil ach beagan leabhraichean no goireasan clò-bhuailte eile sa Ghàidhlig ann an leabharlannan na Comhairle	Brosnaichidh seirbheis nan Leabharlann cothrom air stuthan dà-chànanach agus beachdachaidh e air leabhraichean ùra a cheannach sa Ghàidhlig ma thèid seo iarraidh gu dìreach.	Cumaidh seirbheis nan leabharlannan stòras de ghoireasan clò-bhuailte is didseatach sa Ghàidhlig mar as iomchaidh	Manaidsear Seirbheis: Seirbheis Chustamairean agus Àrd-leabharlannaichean	An t-Sultain 2022
Taisbeanaidhean Poblach agus Dualchas	Chan eil a' Chomhairle air Gàidhlig a chleachdadh ann an taisbeanadh sam bith a tha i air cumail	Nì Seirbheis Taighean-tasgaidh is Leabharlannan ath-sgrùdadh air poileasaidhean nan taisbeanaidhean aca agus bidh ullachadh ann airson Gàidhlig ann an taisbeanaidhean far a bheil seo iomchaidh	Bidh ullachadh ann am poileasaidhean taisbeanaidhean Seirbheis Taighean-tasgaidh is Leabharlannan airson Gàidhlig ann an taisbeanaidhean	Manaidsear Seirbheis: Seirbheis Chustamairean agus Manaidsear Sgioba, Taighean-tasgaidh	An t-Sultain 2022

2.4 Luchd-obrach

Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach gun tèid na sgilean-obrach iomchaidh agus na sgilean cànanain aig an luchd-obrach a thoirt air adhart. Tha solarachadh chothroman ionnsachaidh do luchd-obrach a' cuideachadh le adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig le inbhich agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil feumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh obraichean far a bheil Gàidhlig mar sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànain agus ri bhith ga comharrachadh mar sgil buannachdail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh cuideachd le bhith a' sealltainn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite sònraichte aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ri choileanadh taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge b' e dè na sgilean a tha riatanach tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na fìor riatanas san dreuchd.

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' faicinn na Gàidhlig mar sgil obrach chudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil e riatanach no feumail a cleachdadh agus tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do luchd-obrach na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh mas urrainn dhaibh agus ma tha iad airson an cleachdadh gus taic a chumail ri Plana Gàidhlig na Comhairle.

Dleastanas	An Suidheachadh Làithreach	Gnìomh air a mholadh	Buil / taisbeanair air a mholadh	Prìomh Sheirbheis/Oifigear	Clàr-ama
Fastadh	Thèid a h-uile obair aig a' chomhairle a shanasachd air làrach-lìn myjobscotland.com aig nach eil seirbheis eadar-theangachaidh cànanain	Ma tha a' Ghàidhlig riatanach airson na dreuchd, bidh an sanas obrach an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. Thèid fios a chur gu COSLA (a' bhuidheann a tha an urra ri làrach-lìn myjobscotland) ag iarraidh orra beachdachadh air goireas eadar-theangachaidh cànanain	Nochdaidh sanasan dà-chànanach airson obraichean far a bheil feum air Gàidhlig air myjobscotland	Com-pàirtiche Gnìomhachais HR	An Giblean 2022

		a chur air an làraich-lìn agus air na foirmichean iarrtais aca			
Trèanadh is Ionnsachadh Cànan	<p>Chan eil trèanadh luchd-obrach ri fhaighinn sa Ghàidhlig oir cha robh iarrtas ann air seo gu ruige seo.</p> <p>Thathar a' deasachadh trèanadh do luchd-teagaisg gus taic a chumail ri ionnsachadh is teagasg na Gàidhlig ann an sgoiltean.</p>	<p>Dèan sgrùdadh air, agus coimhead air iarrtas airson ionnsachadh na Gàidhlig do luchd-obrach</p> <p>Comharraich modalan agus dòighean trèanaidh a dh'fhaodadh a bhith ann (m.e. mothachadh Gàidhlig, brathan-ullachaidh do bhuill, ionnsachadh cànan is msaa.)</p> <p>Obraich còmhla ri com-pàirtichean ionadail gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig a bhrosnachadh gu h-ionadail (m.e. Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh)</p>	Barrachd com-pàirteachadh le Gàidhlig agus mothachadh air Gàidhlig aig luchd-obrach	<p>Oifigearan Leasachaidh Buidhne</p> <p>Prìomh oifigearan Comhairle Lodainn an Ear Buidheann Roinnleachdail na Gàidhlig</p>	An Giblean 2023

2.5 Togail agus Cleachdadh na Gàidhlig

Tha Comhairle Lodainn an Ear ag aithneachadh gum feum barrachd dhaoine Gàidhlig ionnsachadh ma tha i gu bhith seasmhach san àm ri teachd agus gum feum fòcas a bhith air an dachaigh, air foghlam agus air luchd-ionnsachaidh inbheach mar phrìomh dhòigh gus seo a dhèanamh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air àireamh an luchd-labhairt ann an Lodainn an Ear.

Dleastanas	An Suidheachadh Làithreach	Gnìomh air a mholadh	Buil / taisbeanair air a mholadh	Prìomh Sheirbheis/Oifigear	Clàr-ama
Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FtG)	<p>Tha seo air a thoirt seachad tro aonta com-pàirteachais le Comhairle Baile Dhùn Èideann aig an àm seo</p> <p>Chaidh buidheann stiùiridh ro-innleachdail ionadail a stèidheachadh gus taic a chumail ri planadh is leasachadh leantainneach</p> <p>Thathar a' trusadh dàta mu luchd-ionnsachaidh ann am FtG</p>	<p>Cùm sùil air agus clàraich àireamhan ann am FtG</p> <p>Dèan measadh air fiosrachadh na comhairle a thaobh solar FtG</p> <p>Brosnaich FtG tro sheanailean conaltraidh is lìonraidhean.</p> <p>Obraich ann an com-pàirteachas le Comhairle Baile Dhùn Èideann gus taic a chumail ris na h-ullachaidhean làithreach agus gus an cumail a' dol agus gus planadh a thaobh FtG a cho-thaobhadh.</p>	<p>Dàta mu àireamh nan sgoilearan ann am FtG an-dràsta</p> <p>Gus taic a chumail ris na h-ullachaidhean làithreach agus gus an cumail a' dol</p> <p>Gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh soilleir ri fhaighinn mu sholar FtG a rèir an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig agus Achd an Fhoghlaim (Alba) (2016).</p>	Prìomh oifigearan Comhairle Lodainn an Ear Buidheann Ro-innleachdail na Gàidhlig	An Giblean 2024

	Tha conaltradh a' dol air adhart le pàrantan gus taic a chumail ri planadh co-obrachail	Brosnaich / cùm taic ri solar FtG aig aois ro-sgoil/sgoile – sa mhòrchuid tro sholar chom-pàirteachaidh làithreach Teaghlaichean – pasgan taic do theaghlaichean, lèirmheas air fiosrachadh air an làraich-lìn, dèan conaltradh le pàrantan	Gus cur ri àireamhan ann am FtG a rèir planaichean ionadail agus nàiseanta		
Foghlam Luchd-ionnsachaidh (FLi)	Chan eil FLi ann an Comhairle Lodainn an Ear an-dràsta Luchd-teagaisg aig a bheil ùidh air an comharrachadh Chaidh bun-chùrsa Gàidhlig do luchd-teagaisg a chumail anns a' Chèitean 2019. Chaidh buidheann de luchd-teagaisg a chomharrachadh airson a dhol gu cùrsaichean	Cùm taic ri sgoiltean le planadh is leasachadh FLi tro bhith a' toirt seachad goireasan ionnsachaidh is teagaisg agus cothroman proifeasanta do luchd-teagaisg Brosnaich ìre-cleachdaidh cùrsaichean barrantaichte roinneil aig SQA Cruthaich cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt de 1+2 agus tro chom-pàirtichean (dhuinne, 's e Abaid a' Bhatail Nuaidh, E-sgoil no sgoiltean ann an Dùn Èideann a bhiodh ann)	Barrachd sgoiltean agus sgoilearan a' gabhail pàirt ann am FLi Barrachd luchd-teagaisg a' dèanamh feum de chothroman leasachaidh a thaobh na Gàidhlig Goireasan Gàidhlig a chaidh a chruthachadh san sgìre ri fhaighinn do luchd-teagaisg agus do sgoiltean.	Prìomh oifigearan Comhairle Lodainn an Ear Buidheann Stiùiridh na Gàidhlig	An Giblean 2024

	<p>Sabhal Mòr Ostaig ann an 2019/20.</p> <p>Thathar air goireasan cànan sa Ghàidhlig a phlanadh ann an com-pàirteachas le Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh</p>	<p>Comharraich cothroman gus cleachdadh na làraich-lìn Go Gaelic aig Stòrlann a bhrosnachadh gus taic a thoirt do leasachadh luchd-teagaisg ann an sgilean Gàidhlig bunaiteach</p> <p>Cruthaich cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt de 1+2 agus tro chom-pàirtichean (dhuinne, 's e Abaid a' Bhatail Nuaidh, E-sgoil no sgoiltean ann an Dùn Èideann a bhiodh ann)</p>			
Luchd-ionnsachaidh inbheach	<p>Chan eil Leasachadh is Ionnsachadh Coimhearsnachd a' toirt seachad Gàidhlig sam bith aig an àm seo</p> <p>Tha cothroman com-pàirteachais rim faighinn agus a' tòiseachadh a bhith air an cleachdadh gu h-ionadail</p>	<p>Comharraich is dèan measadh air cothroman airson ionnsachadh inbheach</p> <p>Obraich le com-pàirtichean ionadail gus cothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhich/sa choimhearsnachd a thoirt seachad is a bhrosnachadh</p> <p>Comharraich cuideigin sa choimhearsnachd aig a bheil Gàidhlig aig a bheil</p>	<p>Barrachd chothroman gus Gàidhlig ionnsachadh sa choimhearsnachd ionadail</p> <p>Com-pàirteachadh leis a' choimhearsnachd Ghàidhlig ionadail</p>	Buidheann buileachaidh ro-innleachdail na Gàidhlig	An Giblean 2024

		ùidh ann am brosnachadh is leasachadh na Gàidhlig			
A' Ghàidhlig ann an Coimhearsnachdan, Com-pàirteachasan agus lìonraidhean	<p>Conaltradh agus co-obrachadh a' dol air adhart le com-pàirtichean Gàidhlig ionadail</p> <p>Com-pàirtichean air an riochdachadh air buidheann stiùiridh na Gàidhlig aig Comhairle Lodainn an Ear</p> <p>Tha prìomh oifigearan a' riochdachadh Comhairle Lodainn an Ear air lìonraidhean Gàidhlig nàiseanta m.e. Gaelic Language Network (GLAN)</p>	<p>Cùm oirnn le conaltradh le com-pàirtichean nàiseanta agus ionadail gus taic a chumail ri cothroman ionnsachaidh agus solarachadh FtG san sgìre.</p> <p>Dèan conaltradh leis a' cho-bhanntachd airson FLi gus coimhead air roghainnean airson cothroman leasachaidh cànan do luchd-obrach.</p> <p>Comharraich com-pàirtichean ionadail (gnìomhachas, turasachd is msaa.)</p> <p>Cùm oirnn a' frithealadh tachartasan lìonraidh nàiseanta, sgaoil fios mu chothroman agus mun Ghàidhlig agus broснаich leasachadh luchd-obrach.</p>	<p>Barrachd solar ionnsachaidh is leasachaidh Gàidhlig ann</p> <p>Barrachd com-pàirteachadh le Gàidhlig agus mothachadh air Gàidhlig</p>	<p>Prìomh oifigearan Comhairle Lodainn an Ear</p> <p>Buidheann buileachaidh ro-innleachdail na Gàidhlig</p>	<p>An Giblean 2024</p>
Gàidhlig anns na h-Ealainean	Chan eil a' Chomhairle air ullachadh sam bith a dhèanamh airson	Nì seirbheis ealainean na comhairle ath-sgrùdadh air na poileasaidhean aice agus far a bheil e	Nì poileasaidhean seirbheis nan ealan ullachadh airson gnìomhan ealain	Manaidsear Seirbheis: Coimhearsnachdan Ceangailte agus	An t-Sultain 2022

	na Gàidhlig ann an ealainean, dualchas agus cur-seachadan	iomchaidh nì i ullachadh airson gnìomhan ealain sa Ghàidhlig	Gàidhlig	Manaidsear Ealainean	
--	---	--	----------	----------------------	--

3. BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Thèid plana Gàidhlig Comhairle Lodainn am Ear fhoillseachadh gu dà-chànanach air an làraich-lìn againn agus bidh lethbhreacan pàipeir rim faighinn ma thèid seo iarraidh. A bharrachd air seo, sgaoilidh sinn fios dhan luchd-obrach againn tron eadra-lìon againn.

Is e am plana seo poileasaidh Comhairle Lodainn an Ear agus tha e air aontachadh le ar Sgioba-stiùiridh agus Buill na Comhairle.

Thèid pròiseas Measadh Buaidh Amalaichte na Comhairle atharrachadh gus a bhith a' toirt a-steach ceistean sgrìonaidh a' buntainn ris a' Ghàidhlig agus a' toirt stiùireadh dhaibhsan a tha a' cruthachadh phoileasaidhean ùra buntainneach dhan phoileasaidh seo agus dhan Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidhean air an cruthachadh a rèir a' Phlana.

Bidh an t-Àrd-oifigeir agus na buill thaghte cunntachail aig a' cheann mu dheireadh airson dèanamh cinnteach gun coilean a' Chomhairle na gealltanasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo.

Tha sinn air an t-uallach airson nan diofar cheuman ann an Caibideil 2 a riarachadh do luchd-obrach fa leth agus tha sinn air cinn-latha sònraichte a chomharrachadh airson targaidean fa leth nuair a tha sinn an dùil gealltanasan sònraichte a chur an gnìomh.

Sgrùdaidh a' chomhairle cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig tro bhith ag aithris dà thuras sa bhliadhna air adhartas le buileachadh nan gnìomhan ann an Caibideil 2. Thèid na h-aithisgean adhartais seo a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

Fios conaltraidh

'S e am prìomh oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, cur an gnìomh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Comhairle Lodainn an Ear:

Sharon Saunders

Ceannard nan Coimhearsnachdan is nan Com-pàirteachasan

ssaunders1@eastlothian.gov.uk

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Paolo Vestri

Manaidsear Seirbheis: Poileasaidh agus Leasachadh Corporra

pvestri@eastlothian.gov.uk